



beatha le
buaidh



beatha le
buaidh

S
S
E
E
C
S
A
U
U



Air fhoillseachadh ann an 2007 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig agus Cànan, le taic bhan Bhuidheann Eadar-roinneil airson Ionnachsadh agus Leasachadh Coimhearsnachd (Community Learning and Development Review Group for Gaelic).

© Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte air MRG 2007.

Tha Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a' faighinn taic bho Bhòrd na Gàidhlig.

Dealbh còmhdaich © ?.

Na dealbhan le ?.

Na còraichean uile glèidhete. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochedachadh ann an cruth sam bith, no ann an dòigh sam bith gun chead ro làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig.

Deilbhte le Cànan Earranta.

Clò-bhuailte le Nevisprint, Inbhir Nis.

LAGE/ISBN 978-1-904730-69-9



Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig

An teacs le Gillebride MacNiemhaoil.

E V A S C H L O S S

Eva Schloss

Tha an sgeulachd aig Eva Schloss glè choltach ris an sgeulachd aig Anne Frank ann an iomadh dòigh. Chaith Eva a thogail air an aon shràid ri Anne Frank ann an Amsterdam agus bha iad eòlach air a chèile. Ged a chaith a cur gu campa-cogaidh, fhuair ise às beò. 'S e Otto Frank, athair Anne Frank, fear dhen chiad fheadhainn ris an do choinnich i an dèidh a bhith air a saoradh. An uair sin, phòs a màthair Otto Frank agus 's e leth-pheathraichean a bhiodh ann an Eva agus Anne Frank nam biodh Anne air a bhith beò. Tha Eva Schloss air obair mhòr a dhèanamh gus fiosrachadh mu na dh'fhuiling na h-Iudhaich agus eile rè a' chogaidh innse dhan mhòr-shluagh. Sgriobh Eva dà leabhar '*Eva's Story*' agus '*The Promise*' mu na thachair dhi fhein agus a teaghlach.



E V A S C H L O S S

EVA SCHLOSS



Com oideachas
EVA SCHLOSS

A h-òige

Nuair a bha i òg bha Eva Schloss daonnan ag iarraidh a bhith a' cluich a-muigh còmhla ris na balaich. Cha robh mòran ùidh aice ann an leughadh, sgrìobhadh no ann an leabhraichean. Bha i fhèin agus a teaghlach air teicheadh às an Ostair agus chaith iad a dh'fhuireach ann an Amsterdam nuair a fhuair na Nàtsaich buaidh air an dùthaich aca. B' e Iudhaich a bha anna agus bha cunnart mòr ann dha na h-Iudhaich aig an àm sin. Nuair a għluais iad gu Amsterdam cha robh Eva ro mhath air cànan na h-Òlaind a bhruidhinn orra 's e Gearmailtis a bhiodh iad a' bruidhinn anns an Ostair. Ach nuair a choinnich i an toiseach ri Anne Frank, thug ise Eva a bhruidhinn ri a h-athair gus am b' urrainn dhaibh bruidhinn ri chèile ann an Gearmailtis.

EVA SCHLOSS

A' dol am falach

Nuair a fhuair na Nàtsaich smachd air an Òlainnd thòisich gnothaichean gu math na bu duilghe dha na h-Iudhaich anns an dùthaich. Anns an Iuchar, 1942, fhuair bràthair Eva litir ag ràdh gum feumadh e a dhol gu campa-cogaidh. Fhuair e an litir air an aon latha 's a fhuair piuthar Anne Frank an litir ag iarraidh oirrese a dhol gu campa-cogaidh cuideachd. Chaidh an teaghlaich aig Eva Schloss am falach ach fhuair na feachdan Nàtsach grèim orra ann an 1944 agus chaidh an toirt gu campa-cogaidh Auschwitz.

EVA SCHLOSS



EVA

SCHLOSS



© JP Laffont/Sygma/CORBIS

Con orden tuo am

EVA SCHLOSS



13

12

EVA SCHLOSS

Auschwitz

B' e suidheachadh uabhasach a bha ann an campa-cogaidh Auschwitz. Chaidh mòran a mharbhadh ann an seòmraichean gas. Bha a h-uile duine a bha ann air an obrachadh gu cruidh. Bha na priosanaich fuar agus acrach agus bhiodh iad gu tric air an dochann leis na geàird. Nuair a chaidh an campa a shaoradh le feachdan Ruisseanach, bha Eva fhathast beò ged a bha i lag. Chaidh i a choimhead airson a bràthair agus a h-athair ach bha iad marbh. 'S e Otto Frank fear dhe na chìad daoine ris an do choinnich i nuair a chaidh i gan lorg. Dh'aithnich iad a chèile agus rinn iad gàirdeachas ri chèile.

EVA SCHLOSS

Pòsadh

An dèidh a' chogaidh, phòs
màthair Eva Schloss Otto Frank.
Bha an dithis aca nam
banntraichean. B' e àm duilich a
bha ann dhaibh oir bhiodh iad ag
ionndrainn an teaghlaichean a bha
air bàsachadh anns na
campaichean-cogaidh. Thuirt Eva
gum biodh Otto daonnan
a' bruidhinn mu Anne Frank agus
mun leabhar-latha aice.

EVA SCHLOSS



15

14

EVA SCHLOSS



Comodan Tùm EVA SCHLOSS

Obair Beatha

Tha Eva Schloss air a beatha a chur seachad ag obair gus fiosrachadh mu fhulangas nan Iudhach agus daoine bochda eile a thoirt am follais. Bha i mar phairt dhan bhuidheann a' steidhich Urras Foghlaim Anne Frank gus fiosrachadh a thoirt do dhaoine mu eachdraidh nan Iudhach anns a' chogadh agus gus feuchainn air dèanamh cinnteach nach tachair a leithid a-rithist. Bidh i a' dol mun cuairt sgoiltean agus oilthighean ag innse mun champa-obrach anns an robh i agus a' feuchainn air toirt air daoine gràin-cinnidh agus gràin-creideimh a sheachnad. Ged a tha i toilichte mun obair a tha i air a dhèanamh, tha aithreachas oirre nach robh a bràthair, a pàrantan agus iomadach duine eile beò airson sin fhaicinn.

E V A

S C H L O S S



Can order time can

© JP Laffont/Sygma/CORBIS

EVA SCHLOSS

Cò i?

Latha Breith

11/05/1929



Cò às a bha i?

An Ostair

Càite an robh i a' fuireach?

Amsterdam, An Òlainn

Chaidh i am falach còmhla ri a teaghach bho na feachdan Nàtsach.

Dè an campa-cogaidh don deach i?

Auschwitz

A teaghach?

Bhàsaich a h-athair agus a bràthair anns a' champa-chogaidh.

An dèidh a' chogaidh?

Phòs a màthair athair Anne Frank

Dileab?

Tha i air dà leabhar a sgrìobhadh '*Eva's Story*' agus '*The Promise*'. Cuideachd, tha i air sgeulachd a beatha innse do mhìltean air feadh an t-saoghal gus feuchainn air dèanamh cinnteach nach tachair a leithid a-rithist.